

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain, 29 Cèitean 2024 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr R Bremner
A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)
A' Bh-uas S Fanet
Mgr I Grafton
Mgr P Logue
Mgr U MacAoidh (air astar)

A' Bh-uas C NicIleathain (ball-ionaid, air astar)
Mgr S MacIleBhrath
Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)
Mgr C Rothach
A' Bh-uas M NicPheadrais
Mgr R Stiùbhart

Neo-Bhuill an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh (air astar)

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIleDhuinn, Àrd-Oifigear
Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail, Coileanadh agus Riaghlachas
A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Foghlaim, Ionnsachadh Fhad-bheatha & Sheirbheisean Gàidhlig
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh
A' Bh-uas A Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Pròiseict Leasachadh Corporra – Pròiseact an Stòir
Mgr D Siosalach, Ceannard Sgioba Turasachd agus In-thasgaidh
A' Bh-uas S NicPhàdraig, Oifigear Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd
A' Bh-uas S NicIlinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach
A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd an làthair:

A' Bh-uas A Armstrong agus a' Bh-uas L Hamilton, VisitScotland
Mgr M Caimbeul, Cultarlann
Mgr D Steele, Co-òrdanaiche Sgoiltean Gnìomhach, High Life na Gàidhealtachd

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. **Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan**

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr I MhicIlleDhuinn agus na M-uas M Nolan.

2. **Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd**

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt sam bith ann.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na h-Aithrisean Follaiseachd a leanas:-

Nì 5 – Mgr C Rothach

3. **Naidheachdan Matha**

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh lèir-chlaistinneach leis na naidheachdan matha agus chaidh taing a thoirt do Mhgr R MacAoidh airson sin ullachadh.

4. **Cultarlann – Taisbeanadh**

Thug Mgr M Caimbeul seachad taisbeanadh dhan Chomataidh mun Chultarlann, àite-cruinneachaidh do dhaoine le ùidh ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Bha Cultarlann Inbhir Nis air an t-seann Eaglais an Ear a cheannach o chionn ghoirid agus bhathar ga h-atharrachadh gu bhith na co-ionad le cafaidh, bùth, àite-coinneachaidh is eile.

Chaidh taing a thoirt do Mhgr Caimbeul airson an fhiosrachaidh agus chuir Buill fàilte air an naidheachd mhisneachail mu na leasachaidhean a bha san amharc airson seann togalach na h-eaglaise.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- b' e aitreabh àlainn airson banais a bh' anns an eaglais agus bha e fìor mhath gun robhar a' dèanamh deagh fheum dhen togalach eachdraidheil;
- mar fhreagairt do cheistean a thaobh na dh'fhaodadh an Cultarlann tabhann, chaidh dearbhadh gun robh planaichean ann clasaichean agus tachartasan Gàidhlig a chumail far an deigheadh fàilte a chur air muinntir an àite fhèin, luchd-turais agus oileanaich bho thall thairis;
- cha robh mòran chothroman ann do chloinn ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a' Ghàidhlig a bhruidhinn gu sòisealta taobh a-muigh na sgoile agus, mar fhreagairt do cheist, chaidh dearbhadh gun robh planaichean ann tuilleadh leasachaidh a thoirt air labhairt shòisealta, agus gun robh an Cultarlann mar-thà ag obair còmhla ri sgoil FtG ionadail; agus
- chaidh faighneachd co-dhiù a bha plana ann taisbeanadh lèir-chlaistinneach a chur air dòigh, a leithid taisbeanadh bogaidh, agus chaidh dearbhadh gun robh seo aig ìre thràth leasachaidh agus an crochadh air maoineachadh.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. **Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig agus Plana na Gàidhlig – Aithisg agus Taisbeanadh**

Aithris Fhollaiseachd: thug Mgr C Rothach seachad Aithris Fhollaiseachd a thaobh an nì seo mar Stiùiriche air Skye Connect. Ach, às dèidh dha an deuchainn neo-chlaon a chur an gnìomh, cha robh e dhen bheachd gun robh ùidh aige ri fhoillseachadh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/05/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Thug a' Bh-uas A Armstrong bho VisitScotland seachad taisbeanadh chun na Comataidh air Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig airson Alba.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- chaidh ceist a thogail a thaobh co-dhiù a bha comas aig a' Chomhairle Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig a thoirt an lùib chlàran-gnothaich chomataidhean sgìreil no fòraman air an stiùireadh leis a' Chomhairle. Cuideachd, chaidh a ràdh gum faodadh comas a bhith aig coinneamhan gnothachais uàird agus comhairlean coimhearsnachd am fòcas seo a shoilleireachadh;
- seach gun robh dàimh na bu mhotha aig cuid de sgìrean le cànan na Gàidhlig na feadhainn eile, bha e cudromach fòcas ionadail a chumail cuideachd;
- le cuideam air buidseatan airson seirbheisean agus bun-structair, agus le cànan na Gàidhlig ga ghabhail a-steach ann am breithneachaidhean na Comhairle, chaidh faighneachd ciamar a dh'fhaodadh Comataidh na Gàidhlig cur ri còmhraidhean leantainneach;
- chaidh a ràdh gum bu chòir beachdachadh air Cìs Luchd-tadhail Turasachd seach gun deach Bile Cìs an Luchd-tadhail aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba air 28 Cèitean 2024;
- a thaobh earrann 4.1 san aithisg, bha Buill toilichte faicinn gun robhar a' beachdachadh air Gàidhlig agus cultar mar sho-mhaoin, gu h-àraid a thaobh a bhith a' cur air adhart biadh agus deoch;
- chaidh cuimhneachadh do Bhuill gun robh Fèis Bhlas a' toirt spionnadh dhan eaconamaidh ionadail agus a' leudachadh ràith an luchd-turais. Bha e follaiseach gun robh an fhèis a' togail teachd-a-steach airson coimhearsnachdan na Gàidhealtachd, High Life na Gàidhealtachd agus a' Chomhairle. Bha an fhèis cuideachd a' cleachdadh thogalaichean iomallach a leithid Taigh-cluiche Cheann Loch Liobhann agus, nan stadadh seo, bhiodh cothrom air a chall cultar Gàidhlig agus teachd-a-steach a thoirt gu ruige coimhearsnachdan a leithid seo. Chaidh ceist a thogail mu na planaichean a bh' aig a' Chomhairle airson dèanamh cinnteach gun robh an fhèis fhathast seasmhach, mar sin a' cruthachadh teachd-a-steach an dà chuid airson na Comhairle agus coimhearsnachdan ionadail;
- bha moladh ann ceangal a thogail le coimhearsnachdan le cultaran coltach ri cultar na Gàidhlig, a leithid Gàidhlig na h-Èireann, Breatnais agus Cuimris;
- chaidh faighneachd co-dhiù a dh'fhaodadh bainnsean a bhith air an gabhail a-steach san ro-innleachd. A bharrachd air a bhith na ghnìomhachas le luach iomadh millean, bha seo na phàirt chudromach de chultar na Gàidhealtachd, le luchd-tadhail a' siubhal chun na Gàidhealtachd bho air feadh an t-saoghail airson pòsadh ann an searmoin thraidiseanta Albannach, le pìoban-mòra, clàrsaichean, cuachan agus fèilidhean;
- chaidh faighneachd cuideachd co-dhiù a dh'fhaodadh rannsachadh fo-uisge, gu h-àraid sgùba-dhaibheadh, a bhith air a thaisbeanadh seach gur e gnìomhachas

a bha seo a bha deiseil airson leasachadh air feadh na Gàidhealtachd, gu h-àraid ann an taobh an iar na h-Alba; agus

- chuir a' Bh-uas Armstrong fàilte air a' Bh-uas Hamilton chun na Comataidh. Bhiodh a' Bh-uas Hamilton ag obair còmhla ris a' bhuidhinn libhrigidh gus Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig agus am plana libhrigidh a thoirt air adhart.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg agus dhan taisbeanadh.

6. Coileanadh mu choinneimh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/06/24 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg; agus
- ii. gur e aithisg eadar-ghluasaid, eadar am Plana Gàidhlig làithreach agus am Plana Gàidhlig teachdail, a bhiodh san ath aithisg PRMS a bhiodh ri faotainn.

7. Plana na Gàidhlig agus Maoinachadh Ro-innleachdail

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/07/24 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

8. Tagh Ceannardas – Prògram Ceannardais Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/08/24 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- b' e dleastanas na Comataidh seo cleachdadh làitheil na Gàidhlig a bhrosnachadh;
- bha am prògram na leudachadh cudromach air beatha sgoile airson sgoilearan FtG, a' toirt cothrom do dhaoine òga coinneachadh le coimhearsnachdan eile agus caraidean a dhèanamh a bhiodh aca fad am beatha. Bhathar an dòchas gun leanadh a' Chomhairle air adhart le a cuid taic;
- bha Mgr Steele na eisimpleir dhen t-soirbheachas, agus e a' bruidhinn an dà chànan;
- bha daoine òga a bha air cùrsaichean ceannardais a leithid seo a fhrithealadh roimhe air misneachd a thogail agus air spèis a chosnadh am measg an co-aoisean. Mar sin, bha e cudromach gum biodh an goireas ri fhaotainn sa Ghàidhlig;
- chuir Buill fàilte air cleachdadh na Gàidhlig ann an spòrs agus, mar fhreagairt do cheist, chaidh dearbhadh gun robh sgoilearan òga aois bun-sgoile san Eilean Sgitheanach a' gabhail pàirt ann an ioma-spòrs, a bha a' gabhail a-steach measgachadh de chleasan, agus, ann an Loch Abar, bha sgoilearan aig an ìre as àirde a' gabhail pàirt ann am ball-coise agus ioma-spòrs;
- a thaobh àireamhan sgoilearan FtG a' gabhail pàirt, bhathar a' faireachdainn gum faodadh barrachd sgoilearan FtG a bhith a' gabhail pàirt agus chaidh faighneachd

an robh àrd-sgoiltean nach robh a' toirt seachad Gàidhlig FtG sna h-ìrean as àirde air an gabhail a-steach (seach gum faodadh ùidh a bhith aig cuid de sgoilearan aig an ìre as àirde a bhith an làthair);

- mar fhreagairt do cheist, chaidh dearbhadh gun robh 50 neach òg air na cùrsaichean a fhrithealadh ach gun robh mòran sgoilearan a bharrachd air a' Phrògram Cheannardais. Bha na cùrsaichean làn aig an àm seo agus cha robh luchd-obrach ann ach Mgr Steele agus aon neach-cuideachaidh; agus
- bha fàilte air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bhith an làthair agus chaidh eisimpleir a thoirt seachad a thaobh a bhith a' libhrigeadh a' chùrsa gu dà-chànanach.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

9. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/09/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh Buill a stiùireadh gu earrann 6.1 dhen aithisg, agus chaidh an com-pàirteachas soirbheachail eadar planadh feachd-obrach, oifigearan foghlaim agus Sabhal Mòr Ostaig a chur nan cuimhne, agus gun robhar air a bhith soirbheachail a' fastadh luchd-obrach airson dhreuchdan FtG. Bhathar a' faicinn an adhartais seo mar bhuannachd agus chaidh taing a thoirt do luchd-obrach airson an cuid obrach chruaidh a thaobh seo;
- ann an earrainn 3 dhen aithisg, chaidh faighneachd co-dhiù a dh'fhaodadh niùro-eug-samhlachd a bhith air a gabhail a-steach nuair a bhathar a' beachdachadh air cùisean agus chaidh eisimpleir a thoirt seachad far an robh e doirbh do neach òg dà chànan àrd-sgoile ionnsachadh aig an aon àm;
- bu chòir gairdeachas a dhèanamh a thaobh na bha de thidsearan pròbhaidh air am fastadh ann am bun-sgoiltean, ach bha an àireamh thidsearan àrd-sgoile le Gàidhlig fhathast na dhùbhlàn. Bu chòir dhan Chomhairle leantainn air adhart a' brosnachadh dhaoine òga ann am FtG beachdachadh air teagasg agus chaidh faighneachd dè b' urrainn dhan Chomataidh a dhèanamh airson taic a thoirt do thidsearan pròbhaidh san fharsaingeachd;
- bha cion taigheadais a' cur bacadh air tidsearan bho bhith a' tighinn chun na Gàidhealtachd agus dh'fheumadh seirbheisean air feadh na Comhairle obrachadh còmhla airson àite a thoirt do dhaoine òga a bha airson obrachadh ann am FtG anns a' Ghàidhealtachd. Chaidh eisimpleir a thoirt seachad far an deach àite-fuirich falamh faisg air làimh, taigh-còmhnaidh na sgoile, a chumail agus far an robh seo na phàirt de shanas na dreuchd teagaisg. Chaidh an dreuchd a lìonadh agus ghluais an tidsear a-steach do thaigh-còmhnaidh na sgoile;
- chaidh fiosrachadh iarraidh agus fhaotainn a thaobh a bhith ag atharrachadh sgoiltean beaga ann an sgìrean dùthchail, a bha ann an cunnart dùnadh, gu bhith nan hubaichean didseatach;
- a thaobh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, chaidh faighneachd co-dhiù a bha an tabhartas a' cumail suas ri ìre na h-atmhorachd agus chaidh soilleireachadh a shireadh agus fhaotainn a thaobh chuingealachaidhean sam bith. Chan fhaodadh

an tabhartas a bhith air a chleachdadh airson phròiseactan calpa agus bha seo an crochadh air iarrtasan farpaiseach bho ùghdarrasan ionadail eile;

- a thaobh earrann 4.1 dhen aithisg, chaidh dearbhadh gun robh an dreuchd aon teirm air a bhith soirbheachail mar phaidhleat agus bha an dreuchd a-nis a' tabhann fo-fhastadh aon bhliadhna; agus
- chaidh moladh gum bu chòir cuireadh a thoirt do Cheit Fhoirbeis BPA airson bruidhinn mu chùisean Gàidhlig a' buntainn ris a' Ghàidhealtachd, le fòcas sònraichte air teagasg.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. do na raointean leasachaidh is adhartais ann am foghlam Gàidhlig agus fastadh thidsearan airson foghlam Gàidhlig; agus
- ii. do na trì pròiseactan a tha air am mìneachadh ann an iarrtas agus duais Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba airson 2024/25 ris am bi an tabhartas a' cur taic.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.50f.